


**S**androsimo Patri in Christo ac Domino, domini Johanni, divina providencia Savosauente Romane  
et Universalis Ecclesie Summo Pontifici, Fili sui Humiliter et devoti Durcanus Comes de Fyff  
Thomas Ranulphi Comes Moraviae Dominus Mannie et Vallis Anandie, Patricius de Dunbar Comes  
Marche, Malisius Comes de Stratheryme, Malcolmus Comes de Lenex, Willelmus Comes de  
Ross, Magnus Comes Catharie Et Orkadie et Willelmus Comes Sutherlandie; Walterus Senescallus  
Scombrat, Willelmus de Soules Brittonus Scoc. Jacobus Dominus de Douglas, Rogerus de Murbraug,  
de Corn, Ezechias, David de Graham, Ingemarus de Vngaille, Johannes de Menetthe, Custos  
Heri, Sancti claus, Johaber, Gilbertus de Hoffa Constabularis Scoc. et Robertus de Keth Scoc  
Guo, Sanch claus, Johaber, Gilbertus de Hoffa Constabularis Scoc. et Robertus de Keth Scoc  
Alan, et alia, Colligimus quod in  
filiis, in Hispania, indeque venit  
subiugum sibi se  
et An  
Ab omni servitute Lib  
Trededm Reges de ip  
Notabilitates et Merita, licet ex aliis non clarescit, satis patenter desfulgent ex eo quod Rex  
Regum et dominacion dominus Thonus Christus post possessionem suam fidem sanctissimam  
conuocavit Nec eoz per quemlibet in dicta fide confirmari voluit set per suum primum  
apostolum quamvis ordine secundum vel tertium sanctum Antheam, mirissimum, beati Petri  
Gomanumbque ipsius preese voluit et patronum. He autem Sandrosimi patres et Pederoses reddi  
sollita mente persantes ipsorum Regnum et populum ad beati Petri garnari pecuniam multis  
favoribus et privilegiis quamplurimis Munitos, Ita quippe quod gens nostra sub ipsorum protecc  
habetur, Libera degat et queta donec ille Principis Magnificus Rex Anglorum Eduardus, pater ipsius  
qui nunc est, Regum nostrum a sephalum populumque nullius mali aut doji concessum nec bellis aut  
irregulibus hunc d'seum sub amici et concedendi specie; inimicabiliter infebrauit. Quibus in unum Cedeo  
et a Bly lauent et a cati aca in illud que




# Gairm Obar Bhrothaig

Leabhran obrach  
le dealbhan

Anns an leabhran seo, gheibh  
thu a-mach mu Ghairm Obar  
Bhrothaig - litir ainmeil agus tè  
de na sgrìobhainnean eachdraidheil  
Albannach as cudromaiche.

Cleachd do mhac-meanmna gus  
dealbhadh, cruthachadh agus gus  
dealbhan a dhèanamh. Is urrainn  
dhut dath a chur air na dealbhan  
cuideachd!

# Dè th' ann an Gairm Obar Bhrothaig?



**T**ha Gairm Obar Bhrothaig na litir a chaidh a sgrìobhadh bho chionn 700 bliadhna ann an 1320 nuair a bha na h-Albannaich airson stad a chur air Èideard II, Rìgh Shasainn bho bhith a' feuchainn ri Alba a riaghladh. Chaidh a cur chun a' Phàpa Eòin XXII le cuid de na daoine a bu chudromaiche ann an Alba.

Bha iad airson 's gun aithnicheadh e Raibeart Brus mar an rìgh. Mar Cheannard na h-Eaglaise Caitligich, b' urrainn dhan Phàpa cuideachadh gus eas-aonta eadar dùthchannan a rèiteachadh.

Chaidh an litir a sgrìobhadh air craiceann-sgrìobhaidh ann an Laideann, cànan a bhiodh an eaglais a' cleachdadh. 'S e Litir nam Baran an t-ainm a bh' oirre an toiseach agus chaidh lethbhreac a dhèanamh nuair a chaidh a sgrìobhadh. Fhuair i an t-ainm Gairm Obar Bhrothaig fada às dèidh sin. Tha Clàran Nàiseanta na h-Alba ann an Dùn Èideann a' coimhead às dèidh an lethbhric seo.

# Dè an ceangal a th' aige ri Obar Bhrothaig?

**C**haidh Abaid Obar Bhrothaig, air costa an ear na h-Alba a thaghadh mar an t-àite airson a' Ghairm a sheulachadh agus a chur chun a' Phàpa anns an Fhraing. B' e Abaid Bernard, ceannard na h-Abaide, Seansalair na h-Alba agus bha na sgrìobhainnean oifigeil uile airson Raibeart Brus an urra ris. Bha Obar Bhrothaig cuideachd caran fada air falbh bho Shasainn agus ri taobh na mara - mar sin, ghabhadh an litir a chur dhan Fhraing gu sàbhailte air bàta.







Air ais ann an 1320, cha robh comas leughaidh no sgrìobhaidh aig a' mhòr-chuid. Ach bha na manaich a bha a' fuireach sna h-abaidean uile fìor fhoghlamaichte agus math air sgrìobhadh. Cho math ri bhith a' sgrìobhadh litrichean, bhiodh iad a' sgrìobhadh, a' dèanamh lethbhreacan air agus a' dealbhachadh leabhraichean. Bhiodh iad a' sgeadachadh nan sgrìobhainnean aca le dealbhan de dhuilleagan, flùraichean, beathaichean agus pàtranan.



**Nan robh thu nad mhanach, ciamar a bhiodh tu a' sgeadachadh an sgrìobhaidh agad? Seall air an eisimpleir air an duilleig seo agus an uair sin, dèan dealbh den chiad litir de d' ainm anns a' bheàrn gu h-ìosal agus sgeadaich e.**



## Dè tha an litir ag ràdh?



### **T**ha Gairm Obar Bhrothaig


a' tòiseachadh le bhith ag innse dhuinn mar a thòisich sgeulachd na h-Alba. Tha i ag ràdh gun do ghabh na h-Albannaich turas fada gus Alba a ruighinn, iomadh linn air ais.

Tha i a' mìneachadh mar a chaidh iad “à Sitia Mòr tron Mhuir Thirreineach agus taobh Charraighean Iorcail agus a bhith fad iomadh linn na tàmh san Spàinn.”

Chan eil an sgeulachd fìor ach aig an àm seo, bha tòrr daoine den bheachd gun tàinig na h-Albannaich à dùthaich fad air falbh. Bha na sgrìobhadairean airson gum biodh fios aig a' Phàpa gun robh eachdraidh fhada de dhànachd agus de mhisneachd aca.

Cleachd an t-sreath comaig gu h-ìosal gus dealbhan a dhèanamh de thuras nan Albannach bho Shitia Mòr tron Mhuir Thirreineach, agus Carraighean Iorcail (*the Pillars of Hercules*).

--	--	--



Beanntan



Uilebheist mara



Baile

Ann an a' bhogsa gu h-ìosal, an urrainn dhut cunntas a thoirt air an turas mhac-mheanmnach seo?

Dè seòrsa rudan a dh'fhaodadh a bhith air tachairt do na h-Albannaich air an t-slighe?


Dè seòrsa daoine no creutairean ris am faodadh iad a bhith air coinneachadh?


## Carson a chaidh a' Ghairm a sgrìobhadh?

### Bha na h-Albannaich

Bha chuir a' Ghairm air falbh ag iarraidh crìoch a chur air a' chogadh le Sasainn a bha air a bhith a' dol air adhart fad cha mhòr 25 bliadhna. Cho-dhùin iad gun robh an t-àm ann airson faclan seach chlaidheamhan.

Bha iad a' faireachdainn uabhasach làidir mu cò bha a' riaghladh na dùthcha agus bha iad airson 's gun aithnicheadh am Pàpa Raibeart Brus mar an rìgh aca.



Tha na faclan air ribean Bhruis bho 'Scots Wha Hae', òran ainmeil le Raibeart Burns. Chaidh a bhrosnachadh le òraid a thug am Brusach seachad do na saighdearan aige ro Bhlàr Allt a' Bhonnaich a rèir beul aithris.










## Cò thug taic dhan Ghairm?

Seo beagan eisimpleirean de sheulan stèidhichte air an fheadhainn air a' Ghairm.




Nam b' urrainn dhut seula a dhèanamh gus do riochdachadh, cò ris a bhiodh e coltach?

**Feuch ri do sheula fhèin a dhèanamh gu h-iosal. Smaoinich mu dheidhinn cò thusa, na rudan a tha a' còrdadh riut agus na cur-seachadan agad. Cuir sluaigh-air air a tha ag ràdh rudeigin mu do dheidhinn, mar eisimpleir, 'daonnan càirdeil' no 'làidir is treun'.**



## An do rinn e eadar-dhealachadh?



Dè dh'fhaodadh tu dèanamh gus do sgoil no do dhachaigh a dhèanamh nas sìtheile? An do rinn thu na dh'iarr do phàrantan ort agus a bheil thu air a bhith còir no càirdeil?



**Cleachd an t-àite gu h-ìosal gus being sìthe/àite sìtheil a dhealbhadh, no postair a dhèanamh a tha a' sealltainn do dhaoine eile mar as urrainn dhaibh sgoil shìtheil a chruthachadh no cros-dhàn a sgrìobhadh a' cleachdadh an fhacail SÌTH gus sealltainn dè a b' urrainn dhut a dhèanamh: bu chòir gach loidhne den dàn tòiseachadh le tè de na litrichean anns an fhacal SÌTH.**



## A bheil a' Ghairm cudromach fhathast?

**T**ha Gairm Obair Bhrothaig air aon de na sgrìobhainnean as ainmeile agus as cudromaiche a th' ann.

Do chuid, tha Gairm Obar Bhrothaig na samhla fìor chudromach de dh'fhèin-aithne Albannach, a bharrachd air samhlaidhean traidiseanta, mar eisimpleir tartan agus an cluaran.



An urrainn dhut smaoinichadh air samhlaidhean eile a tha a' riochdachadh Alba? A bheil thu eòlach air òrain no dàin Albannach sam bith? A bheil àite ann an Alba no seòrsa biadh Albannach as fheàrr leat? A' cleachdadh an àite gu h-ìosal, feuch ri rudeigin a sgrìobhadh no dealbh a dhèanamh a tha a' riochdachadh Alba an-diugh.

# An robh fhios agad?

'S e Naomh Anndra naomh pàtrain na h-Alba.

A rèir Gairm Obar Bhrothaig, tha Alba fo dhìon an Naomh Anndra.

Tha an Naomh Anndra aithnichte airson a chrois a tha ann an cruth X, a tha fhathast ga cleachdadh air bratach na h-Alba - Crann na h-Alba.





HISTORIC  
ENVIRONMENT  
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD  
EACHDRAIDHEIL  
ALBA



National  
Records of  
Scotland

Clàran  
Nàiseanta  
Na h-Alba

© Àrainneachd Eachdraidheil Alba agus  
Clàraidhean Nàiseanta na h-Alba 2020

Dealbhan © Andrew Redmond Barr

Air eadar-theangachadh le Alasdair  
MacCaluim

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn  
seo a chur thugainn aig:

**Àrainneachd Eachdraidheil  
Alba Taigh Longmore  
Plàs Salisbury  
Dùn Èideann  
EH9 1SH**

**+44 (0) 131 668 8600  
www.historicenvironment.scot**

'S urrainn dhuibh am foillseachadh  
seo a luchdadh a-nuas bhon làraich-lìn  
againn aig:

**www.historicenvironment.scot www.  
nrscotland.gov.uk/research/ learning**

Àireamh carthannais Albannach.  
SC045925



Faodaidh tu am fiosrachadh seo  
(gun suaicheantas is dealbhan)  
ath-chleachdadh saor is an-asgaidh  
ann an cruth no meadhan sam bith  
fo theirmichean Cead Fosgailte an  
Riaghaltais C3.0 ach a-mhàin ma  
thèid an caochladh a ràdh.

Gus an cead seo fhaicinn, faic:

**[http://nationalarchives.gov.uk/doc/  
open-government-licence/version/3/](http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3/)**

No sgrìobh gu:

**Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh  
An Tasglann Nàiseanta  
Kew  
Lunnainn  
TW9 4DU**

No cuir post-d gu:

**[psi@nationalarchives.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gov.uk)**

Far a bheil sinn air comharrachadh gu  
bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh  
air fiosrachadh, feumaidh sibh cead  
fhaighinn bho na daoine aig a bheil  
a' chòir-lethbhreac sin.



Chaidh an sgrìobhainn seo a  
chlò-bhualadh air pàipear a tha  
100% ath-chuairtichte a' cleachdadh  
inc neo-thogsaiseach.

Mur eil thu ag iarraidh am foillseachadh  
seo tuilleadh, nach toir thu do chuideigin  
eile e, a ath chuirteachadha no a chur air  
ais gu Àrainneachd Eachdraidheil Alba.